

faillias

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 59 • An t-Ògmhios 2016 • June 2016

TASTE THE BEST OF HIGHLAND CULTURE AT BLAS 2016



Chaidh cruth Fèis Blas fhoillseachadh aig Talla-cluiche Cùirt Eden ann an Inbhir Nis air 29 Ògmhios nuair a chuir Fèisean nan Gàidheal fo sheòl prògram a tha loma-làn de chèilidhean, cuirmean, tachartasan ann an sgoiltean, ceòl ann an ospadail, tadhal air dachaighean-cùraim, dràma, tachartasan teaghlach, cuairtean agus òraidean.

Blas 2016 will celebrate the 80th birthday of Uist cultural icon, Rona Lightfoot, and the contribution to Gaelic music of Skye's Jonathan MacDonald. New work will feature in the shape of Beul na h-Oidhche gu Camhanaich from Highland-based Gaelic singer and harp player, Mary Ann Kennedy, which is the 11th new piece commissioned in the relatively short history of the Blas Festival.

Young people from the Highlands will feature widely including a Highland performance of Graham Mackenzie's Crossing Borders, Fèis Cèilidh Trail groups, Guth nan Gael – A Gaelic and Gaeilge exchange project, pupils from the Centre of Excellence in Traditional Music at Plockton High School and the singers from an innovative Fèisean nan Gàidheal project, Fuaran.

They will appear alongside some of the best international artistes including Sharon Shannon, making her first appearance at Blas, the Red Hot Chilli Pipers, Nuallan from Cape Breton as well as perennial favourites Aly Bain & Phil Cunningham who are celebrating 30 years of playing together. There will be appearances from newer outfits, Tide Lines, Tannara and Kilda, as well as a staple of the finest Gaelic singers including Margaret Stewart, Darren Maclean, Kristine Kennedy, James Graham, Paul McCallum, Linda Macleod, Rachel Walker, Ruairidh Cormack, Anne Martin, Ellen MacDonald, Ceitlin Smith, Robert Robertson and Eilidh Cormack. Gaelic writers and poets will also feature in the continuation of a partnership with Comhairle nan Leabhraichean, the Gaelic Books Council.



Tickets for all Blas events can be bought online, or by phone, with details on the festival's website blas-festival.com where further information is available on the full programme of events.

Blas Festival 2016	1
Concert for Special Guests	1
Fèis News	2 - 3
Arts Award Week	3
Cèilidhean air Chuairt	4
Fèisgoil	5
Trad Music Hall of Fame	5
Fèis Dhràma Earra-Ghaidheal	6
AGM & Conference 2016	6



CONCERT FOR SPECIAL GUESTS FROM SCOTLAND AND IRELAND



'S e pròiseact iomlaid cultarach a th' ann an Guth nan Gael, a' toirt còmhla luchd-ciùil òg eadar sia agus ochd bliadhna deug a dh'aois aig a bheil Gàidhlig no Gaeilge. Tha sinn gu math toilichte a bhith co-obrachadh leis an Aonad Oriol ann an Dundalk air leasachadh a' phròiseact seo.

Guth nan Gael is a cultural exchange project which brings together young Gaelic and Irish speaking traditional musicians aged between 16 and 18.

At the end of June, the group appeared at an event called Ceangal at Glasgow's Royal Concert Hall, where they performed for the Irish President, Michael D Higgins and Scotland's First Minister, Nicola Sturgeon MSP.

FÈIS FARR - A' BEÒTHACHADH NA SGEÒIL



Anns a' Ghiblean chuir Fèis Farr pròiseact ùr air bhog anns an robh clann sa bunscoil a' gabhail pàirt ann an sreath de bhùthan-obrach dràma, sgeulachd, ealain lèirsinneach, òrain Ghàidhlig agus beò-dhealbhadh.

During April Fèis Farr launched a brand new project which involved primary age children participating in a series of workshops in drama, storytelling, visual art, Gaelic song and animation. The four workshop sessions were led by a fantastic team of tutors and each session helped the children to learn a local tale and local Gaelic song which they used as inspiration to make a short animation.

Some of the artwork produced will be put on display in Farr Community Hall and the Fèis committee is also planning to hold a community event in the coming months which will give participants the opportunity to visit the places that feature in the story and share the work they have produced and what they have learned with their friends and family.

FÈIS OBAR-DHEATHAIN



A new committee for Fèis Obar-Dheathain was established at the end of 2015 and the Fèis ran workshops for the first time at May Festival in Aberdeen. They held a workshop for the younger children aged five to seven who had the chance to learn a Gaelic song and do some craft activities.

Another workshop was held for children over the age of eight and they had the opportunity to try out some drumming, sing a waulking song and have a go at step-dancing.

Everyone had a great day and the Fèis committee intends to hold more workshops in November and then run a full Fèis next year.

Keep an eye out for their events on Facebook and Twitter!

FÈIS LANNRAIG A TUATH

Tha Fèis Lannraig a Tuath a' dèanamh deiseil airson na prìomh fhèise aca a thèid a cumail aig toiseach an Lùnastail san Àrd-Ruigh.

Eadar 4 - 7 den Lùnastal gabhaidh clann eadar 5 is 18 bliadhna a dh'aois pàirt ann an caochladh bhùthan-obrach, nam measg seinn, bogsa-ciùil, giotàr, clàrsach, dannsa Gàidhealach, ealain, dràma agus spòrs. 'S ann tro mheadhan na Gàidhlig a bhios an teagasg is tha an fhèis an dùil ri mu 40 òganach.

A bharrachd air na clasaichean seo, bidh 'Fèis Bheag' a' toirt blasad dhen fhealladh dhan fheadhainn bheaga eadar 2 is 5 bliadhna a dh'aois.

Aig deireadh na seachdain thig a h-uile duine cruinn còmhla feasgar Dihaoine airson consairt neo-fhoirmeil far am faigh a' chlann cothrom an sgilean ùra a shealltainn dham pàrantan.

Airson barrachd fiosrachaidh no airson àite a ghleidheadh cuiribh fios gu Elaine Spence air 01236 608 848 no elaine0810@hotmail.com.

FÈISEAN GALORE IN ARGYLL AND LOCHABER

With five Fèisean being held in Argyll and Lochaber, there are plenty of opportunities this Summer for young people with an interest in Gaelic and traditional music. With a wide range of subjects to choose from and tuition from top, traditional musicians, youngsters will get the opportunity to try new instruments and subjects in an informal and fun environment, along with other participants of similar ability. Tuition is offered for ages 8-18, with classes for beginners to advanced. There is still time to register for the following Fèis events:

Fèis Thiriodh (Isle of Tiree): 4-8 July

Fèis Eige (Isle of Eigg): 6-8 July

Fèis nan Garbh Chrìochan (Acharacle): 18-22 July

Fèis Lochabair (Fort William): 1-5 August

Fèis na h-Apainne (Appin): 6 August

For more information about Fèis events taking place over the summer, contact Rowan Paterson (Development Officer) at rowan@feisean.org / 01463 225559 or visit www.feisean.org

FÈISEAN ANNS NA H-EILEANAN SIAR AGUS SAN EILEAN SGITHEANACH

Tha samhradh gu math trang air thoiseach air Fèisean nan Gàidheal, le Fèisean a' gabhail àite air feadh nan Eilean Siar agus anns an Eilean Sgitheanach. Bidh an cothrom ann do chlann ionnsramaidean a thogail airson a' chiad uair agus oideachadh fhaighinn ag ìre àrd bho luchd-teagaisg beòthail agus tàlantach, agus aig an aon àm a bhith ag ionnsachadh sgilean ann an seinn agus dràma còmhla ris na caraidean aca tro làithean-saora an t-samhraidh. Dè bhiodh na b' fheàrr?

Bhon bhogsa-ciùil chun na pioba mòire agus bho dhannsa Gàidhealach gu iomain, tha iomadh roghainn anns gach Fèis airson na cloinne, le cuid de dh'Fhèisean a-nis a' tabhann clas chròileagain don fheadhainn òga agus Fèis Dheugairean dhan fheadhainn a tha beagan nas sine. Le seo gheibh na deugairean an cothrom a bhith ag obair mar bhuidheann agus gheibh iad cothrom na sgilean ciùil aca a leasachadh còmhla. Bidh seo air leth cuideachail dhaibh ma tha iad airson ceòl a dhèanamh aig ìre nas àirde anns an àm ri teachd.

Bidh dibhearsain agus fealla-dhà gu leòr aig na Fèisean, agus 's e cothrom air leth a th' ann don chloinn a bhith ag ionnsachadh còmhla ann an suidheachadh neo-fhoirmeil tro mheadhan na Gàidhlig. Gheibh iad cothrom an uair sin na sgilean ùra aca a thaisbeanadh aig consairt aig deireadh na seachdain air beulaibh phàrantan agus na coimhearsnachd. Bidh cuimhneachain shònraichte aca air na làithean-saora agus mar a rinn iad deagh fheum den ùine aca.

Airson barrachd fiosrachaidh mu na Fèisean a bhios a' gabhail àite anns na sgìrean agaibh fhèin agus na tachartasan a thèid a chur air dòigh, cuiribh fios air Shona Nic a' Mhaoilein (Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar) air 01851 703 487 no shona@feisean.org, no tadhal air www.feisean.org



DANNSA IS MIRE AS T-SAMHRADH AIG FÈIS GHALLAIBH



Fèis Ghallaibh
Caithness Festival

Dannsa is Mire
Fun Scottish Dance

Dimàirt 26mh & Diciadain 27mh Iuchar 2016
Ard-sgoil Inbhir Theòrsa, 10m - 1.30f gach latha

Tuesday 26th & Wednesday 27th July 2016
Thurso High School, 10am - 1.30pm each day

All welcome
Neach-oide | Tutor:
Lorraine Bremner
Aois | For ages 5+
£2 per person per day
Thoiribh feith gheim-bhith
Please bring a snack

Fiosrachadh & clàradh | Information & booking:
Janice Bain 01847 895879
www.feisean.org/event/FG2016

TASGADH
Small Grants for Traditional Arts



Le taic-airgid bhon sgeama Tasgadh: Tabhartasan Beaga nan Ealain Traidiseanta, tha Fèis Ghallaibh air leth toilichte bùthan-obrach dannsaidh a thairgse ann an Inbhir Theòrsa as t-samhradh.

Bidh an fhèis a' cur fàilte air Lorraine Bremner gus dà latha de bhùthan-obrach dannsaidh a libhrigeadh ann an Inbhir Theòrsa Dimàirt 26mh agus Diciadain 27mh den Iuchar.

Bidh na seiseanan seo freagarrach do dh'òigridh bho chòig bliadhna a dh'aois air adhart.

Following a successful application to the Tasgadh: Small Grants for Traditional Arts fund Fèis Ghallaibh is delighted to offer two days of dancing workshops in Thurso this Summer.

Fèis Ghallaibh is pleased to welcome Lorraine Bremner as guest tutor for the workshops, running on Tuesday 26th and Wednesday 27th July in Thurso High School from 10am to 1.30pm.

The workshops are suitable for ages 5 and above and cost only £2 per day, and participants can choose to attend one or both days.

Fèis Ghallaibh treasurer Alice MacDonald said, "We're delighted to have received Tasgadh funding in support of this new dancing tuition event for young people in Caithness, and we're especially pleased to offer an opportunity like this over the school summer holidays. Lorraine is an expert and experienced dance tutor – our participants will undoubtedly have a lot of fun as well as developing new dancing skills".

Booking is now open for this event. To secure your place or find out more please contact Fèis Ghallaibh organiser Janice Bain on 01847 895 879. You can also find out more about this event at www.feisean.org/event/FG2016.

FÈIS PHÀISLIG ANNOUNCES YEAR-ROUND PROGRAMME

Le iarrtas soirbheachail gu Maoin Cultair, Thachartasan is Dualchais, sgeama maoinachaidh a tha fo sgàil Paisley 2021 for UK City of Culture, tha Fèis Phàislig air leth toilichte prògram ùr de chlasaichean ciùil a stèidheachadh ann an Siorrachd Rinn Friù a chruthaicheas cothroman ùra do dh'òigridh na sgrìre.

Following a successful bid to the Paisley 2021 Culture, Events and Heritage Fund, Fèis Phàislig (The Paisley Fèis) is delighted to announce a new year-round programme of traditional music tuition for young people in Renfrewshire commencing this August.

Fèis Phàislig will run weekly classes in central Paisley each Saturday during the school term, offering group tuition in accordion, fiddle, guitar, singing and groupwork. Classes are suitable for ages 8 to 18 and will cater for all abilities from absolute beginner to advanced.

Fèis Phàislig chairperson Grant McFarlane said, "We're delighted to offer year round music tuition which will in turn give young Renfrewshire musicians the opportunity to develop their skills from week to week under the guidance of an expert tutor team. We're proud to be part of the Paisley 2021 bid for UK City of Culture and very much look forward to commencing our classes."

Meanwhile, Fèis Phàislig is putting the finishing touches to this year's Summer Fèis week, running from 19th – 22nd July in Paisley. This is the second Fèis Phàislig summer event and this year ten different options are on offer to participants: fiddle, accordion, guitar, singing, drumming, drama, clarsach, chanter and pipes, tin whistle and ukelele.

Full information and booking details for all of Fèis Phàislig's activities are available at www.feisphaislig.com or alternatively please contact Grant on info@feisphaislig.com



Fèis Phàislig
Instrumental Lessons

Fèis Phàislig are delighted to offer a new programme of year round traditional music tuition for young people in Renfrewshire.

From August 2016 we will run weekly classes in central Paisley for young people aged 8-18. Classes will take place each Saturday during school term-time, from 10am to 1pm and cost only £5 per week.

We are pleased to offer weekly classes in:
accordion fiddle guitar singing

Each class will last one hour and consist of a 30 minute instrumental lesson followed by a 30 minute groupwork session.



Classes will cater for all abilities from complete beginner to advanced. Don't worry if you don't have an instrument - Fèis Phàislig has a small supply of instruments available for hire.

To register your interest and find out more, visit our website
www.feisphaislig.com

Alternatively, get in touch by email or phone:
info@feisphaislig.com
07595175099

Fèis Phàislig is a registered charity in Scotland. Charity No. SC042624



TAIGH AN DUALCHAIS



Between January and June 2016, a group of twelve Fèis na h-Òige participants were involved in a project called "Taigh an Dualchais", connecting Fèis participants with Gaelic speakers in Care Homes in Inverness.

They made regular visits to three Care Homes in the city and heard a wealth of stories, including what life was like growing up in the Western Isles as a child during the Second World War.

Staff and residents enjoyed hearing our songs and for the participants, it was a chance to converse with native Gaelic speakers outside the classroom.

Keep an eye on the Fèisean nan Gàidheal website for recordings and photos compiled during the project.

ARTS AWARD WEEK 2ND – 10TH JULY

As always July will be a busy month for Fèisean nan Gàidheal with several Fèisean, our Sgoil Shamhraidh Dhràma and the Ceilidh Trail training weeks all taking place in venues throughout the Highlands and Islands.

The first week in July is also Arts Awards Week in recognition of 10 years of the Arts Award. Arts Award's unique qualifications support young people to develop as artists and arts leaders. The programme develops their creativity, leadership and communication skills.

Open to anyone aged up to 25, Arts Award embraces all interests and backgrounds. Through working towards an award young people learn to work independently, helping them to prepare for further education and employment much like the Duke of Edinburgh Award scheme.

Fèisean nan Gàidheal would be very keen to hear from any Fèis or Fèis participants who might be interested in getting involved in the Arts Award scheme and more information is available from any member of the Development Team.



CÈILIDHEAN AIR CHUAIRT AIR FEADH ALBA



For more information about the tours visit www.feisean.org/en/events/ceilidh-trails or find your local Trail on facebook

Thèid Cèilidhean air Chuairt air adhart a-rithist am bliadhna, a' tòiseachadh le trèanadh aig Fèis Alba anns a' Phloc. Bidh 8 buidhnean an làthair bho air feadh nan Eilean Siar agus na Gàidhealtachd agus thig compàirtichean Fèis Rois còmhla ri compàirtichean Cèilidh air chuairt Nàiseanta ann an Cromba airson làithean trèanaidh.

Tha na cèilidhean air chuairt air a bhith a' dol o chionn seachd bliadhna deug, a' toirt cothrom do cheudan de dh'òigridh eadar 16-25 na sgilean aca a leasachadh agus a bhith mar phàirt de thuras pàighte as t-samhradh. Thathar an dùil gum bi seo mar thoiseach tòiseachaidh math dhaibh ma tha iad airson ainm a dhèanamh dhaibh fhèin ann an ceòl anns na bliadhnaichean a tha ri thighinn. An-uiridh chaidh Cèilidh air Chuairt nan Eilean Siar a chuir air bhog agus am bliadhna thèid e air adhart a-rithist le taic maoineachaidh bhon Lanntair tron phròiseact Bealach. Bidh a' bhuidheann seo a' nochdadh air àrd-ùrlar nan Eilean aig Fèis Cheilteach Innse Ghall agus cuideachd aig tachartas ùr, Fèis an Eilein Dhuirche ann am Beinn na Faoghla.

'S e Cèilidh air chuairt Fèis Inbhir Narainn an sgioba as ùire am bliadhna agus cuiridh iadsan air bhog ath-stèidheachadh de Cèilidh air Chuairt Albannach a chaidh a ruith roimhe le Comhairle na Gàidhealtachd agus an uair sin leis an neach-ciùil ionadail, Raonaid Chaimbeul. Bidh cèilidh sònraichte aca le Mike Vass ann an Tàlla Coimhearsnachd Inbhir Narainn air Disathairne 30 Iuchar. Eadar 8 Iuchar agus 14 Lùnastal, gheibh daoine cothrom cèilidhean air chuairt fhaicinn air bàtaichean-aiseig, ann an caistealan, tallachan coimhearsnachd agus aig fèisean ciùil anns na sgìrean a leanas: Gallaibh agus Cataibh, Siorrachd Rois, Inbhir Narainn agus Siorrachd Inbhir Nis, an t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse, Na h-Eileanan Siar, Lochabair, Earra-Ghaidheal agus na h-Eileanan, Sruighlea agus na Trosaichean agus Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.



This year's Ceilidh Trails will once again kick off with a fortnight of training at Fèis Alba which will take place in Plockton from 4th – 8th and 11th – 15th July. The training will be attended by eight Ceilidh Trail groups from across the Highlands and Islands while members of the Fèis Rois local Trail will team up with participants of the National Ceilidh Trail who will be getting together in Cromarty for their training days.

The Ceilidh Trails have now been running for seventeen years offering hundreds of young musicians aged 16-25 the opportunity to develop their skills and get a taster of life as touring musicians for a few weeks during the summer. The Ceilidh Trails offer a unique experience and the skills participants learn can stand them in good stead for a musical or non-musical career.

2015 saw the launch of the Western Isles Cèilidh Trail which was a great success. This year the Trail will be working in partnership with An Lanntair through funding support from the Bealach project. This will see the Trail perform on the Island Stage at the Hebridean Celtic Festival as well as at the brand new Eilean Dorcha Festival taking place in Benbecula.

The latest Fèis to undertake a Ceilidh Trail is Fèis Inbhir Narainn and they will launch the newly reformed Caledonian Ceilidh Trail, formerly run by Highland Council and then local musician Rachel Campbell, at a special gig with guest musician Mike Vass in Nairn Community Centre on Saturday 30th July.

Between the 8th July and the 14th of August locals and visitors will be able to catch local Ceilidh Trail performances in a variety of locations from boats to castles, village halls to festival tents in the following areas: Sutherland & Caithness, Ross-shire, Nairn & Inverness-shire, Skye & Lochalsh, the Western Isles, Lochaber, Argyll & the Isles, Stirling & the Trossachs and the Cairngorms National Park. In addition the National Trail will be on tour across the country from Dumfries and Galloway to Orkney.



FÈISGOIL HÙB-HÀB



B' e team gu math trang a bh' ann don phròiseact Fèisgoil le tòrr a' tachairt air feadh na dùthcha. Tha clasaichean cànan fhathast a' ruith ann am meadhan na dùthcha le Linda NicLèoid is Murray Willis.

Thadhail Dotbot, companaidh fiolm, air Linda is na sgoilearan aig Stenhousemuir airson seisean Gàidhlig a chlàradh mar phàirt de dh'iomairt sanasachd Fèisean nan Gàidheal.

Abair thusa gu bheil na sgoilearan an sin a' dèanamh fìor dheagh adhartas. Chan eil an fheadhainn bheaga air am fàgail gun spòrs – thadhail Linda agus Beth Frieden air sgìre Inbhir Àir a Deas airson sgeulachdan, òrain is abairtean a dhèanamh ann an sgoiltean-àraich le cuid de na bun-sgoiltean an sàs sa ghnòthach cuideachd.

Às dèidh seachdain shoibheachail a' tadhal air na sgoiltean-àraich tha 'Hùb Hàb air Ghleus' a' leantainn orra le seachdain eile sa cheann a deas. Fealla-dhà is spòrs gu leòr le òrain ùra air am fighe a-steach le òrain ainmeil tro dhealbh-cluich gu math beothail is dathte.

There has been plenty going on throughout the country with Fèisgoil this term. Language classes are ongoing in the central belt with Linda Macleod and Murray Willis.

Recently the film-making company Dotbot visited Linda and the children at Stenhousemuir Primary to record a Gaelic language session for publicity and to showcase just what fantastic progress these kids have been making. Look out for our short Fèisgoil video over the summer.

And we haven't forgotten our youngest learners. Linda and Beth Frieden, visited a variety of schools and nurseries in south Ayrshire sharing songs, stories and some Gaelic phrases with the children.

After a really successful week of visiting school nurseries, Hùb Hàb air Ghleus, our theatre performance for younger audiences is taking to the road again, this time visiting nurseries and other community groups. Plenty laughs and fun with Hùb and Hàb performing new songs alongside old favourites through a lively, colourful specially-written script.

CÒIG LATHA 2016

Chaidh an còigeamh 5 Latha a chumail am bliadhna eadar 4 agus 9 Giblean aig Taighean-dubha nan Gearrannan, Eilean Leòdhais. Bha 11 compàirtichean a' gabhail pàirt anns na diofar chur-seachadan air seachdain mhath Earraich.

Am measg nan cur-seachadan, air an toirt seachad le muinntir na coimhearsnachd timcheall air na Gearrannan agus taobh tuath an Eilein, bha an òigridh an sàs ann an croitearachd, còcaireachd, obair Ealain, fuaigheal agus òrain is ceòl le Norrie MacIomhair. A bharrachd air sin bha cothrom sònraichte aig a' bhuidheann a dh'ionnsaich muileann Harris Tweed Hebrides ann an Siabost far an do dh'ionnsaich iad mu na diofar cheumnan a tha mar phàirt de ghnìomhachas a' Chlò Hearraich. Thadhail iad cuideachd air breabadair sa sgìre a tha a' dèanamh a' chlò aige fhèin agus ga reic bhon t-seada bheairt aige.

Air an latha mu dheireadh chaidh a' bhuidheann air thuras le Seatrek a-mach à Carlabhagh agus chunnaic sinn tòrr de sheallaidhean brèagha timcheall taobh siar Leòdhais a bharrachd air eòin-mhara agus iolairean.

Thàinig an t-seachdain gu ceann le cèilidh teaghlaich ann an talla coimhearsnachd Chàrlabhaigh far an robh mu 60 an làthair airson èisteachd ris na dh'ionnsaich a' chlann tron t-seachdain a bharrachd air òrain is ceòl bho sheinneadairean is luchd-ciùil na sgìre.

The fifth 5 Latha was held between 4-9 April at the Gearrannan Blackhouses, on the Isle of Lewis. This year 11 participants took part in a packed programme of activities during a week of fine Spring weather.

Among the activities were a day's crofting, weaving, arts and crafts with clay and Harris Tweed, baking as well as music and song tuition with Norrie MacIver. This year the group had the opportunity to visit the Harris Tweed Hebrides mill in Shawbost where they learned about every stage of the process from raw materials to the catwalk.

The annual boat trip with Seatrek was a highlight as ever. The group saw a variety of seabirds and sights around the west coast of Lewis.

The week finished with a well-attended family ceilidh in the Carloway community hall with traditional Gaelic song and music performed by participants and local artistes.



FÈIS ORGANISERS AND TUTORS RECOGNISED



Tha sinne aig Fèisean nan Gàidheal air ar dòigh glan gu bheil Catriona Nic an t-Saoir air àite fhaighinn ann an Talla nan Seòid aig Hands Up for Trad.

We at Fèisean nan Gàidheal are delighted that our former Chair, Catriona MacIntyre, has been inducted to the Hands Up for Trad Traditional Music Hall of Fame. This is great news and comes with a big thank you for all she has done for the Fèis movement, Gaelic education and much more.

We were equally delighted that Gordon Connell from Tiree was inducted. A regular tutor at Fèis Thiriodh since its establishment, Gordon has been an inspiration and mentor to many young accordion players over many years and they, in turn, have always been ready to acknowledge his immense contribution which we hope will continue for a long time to come.

It was with some sadness that we also welcome the recognition of Caroline Hewat. Caroline sadly passed away at the end of last year but had been involved in many aspects of Highland traditional music during her lifetime having worked at Balnain House and having served on the Board of Fèis Rois. Her daughters, Corrina and Jade, can be very proud of this accolade which sadly came too late for Caroline herself to enjoy.

Finally, in the Queen's Birthday Honours, Alpha Munro was appointed an MBE. Alpha has been a regular tutor a several Fèisean, most notably Fèis Rois, and has been at the helm of the Kiltarn Fiddlers for over 25 years. Alpha continues to do fabulous work for young people with additional needs.

Meala-naidheachd air a h-uile duin' aca. Congratulations to all.

FÈIS DHRÀMA EARRA-GHAIDHEAL 2016



Thàinig ochdad sgoilear 's a dhà bho air feadh Earra-ghaidheal còmhla air Dimàirt 24 Cèitean airson feasgar de dhràma Ghàidhlig a chaidh a thaisbeanadh ann an Tallachan a' Chorrain san Òban.

Tha am pròiseact seo a-nise deich bliadhna a dh'aois, is bhon uair sin tha e air cothrom a thoirt do dh'òigridh na sgìre sgilean ùra ionnsachadh 's iad aig a' cheart àm a' cur ri chèile dealbhan-cluiche ùra.

Am-bliadhna, bha trì bun-sgoiltean an sàs sa phròiseact - Bun-sgoil Achadh na Creige anns an Òban, Bun-sgoil an t-Sàilein ann an Eilean Mhuile agus Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich ann an Dùn Omhainn. Chaidh 4 dealbhan-cluiche a thaisbeanadh uile gu lèir, a' tarraing air farsaingeachd de chuspairean a leithid dàna-thuras ann am fànaid, leus seunta aig na Geamaichean Oileampaigeach agus sgeulachdan mu easgann dhraoidheil agus turneap uamhraidh fhèin mòr à Muile.

Chaidh an cleasaiche agus obraiche-dràma Debbie NicAoidh fhasadh le Fèisean nan Gàidheal gus taic a thoirt do na sgoiltean a ghabh pàirt san Fhèis agus chòrd na bùthan-obrach a bh' aice ri na sgoilearan gu mòr.

Tha Anna Wombwell a' teagasg nan sgoilearan ann am Prìomh 1, 2 agus 3 aig Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich, " 'S e Fèis dhràma air leth math a bh' innte. Chòrd i ris a' chloinn gu mòr agus thug i misneachd dhan a h-uile pàiste a bha an sàs sna dealbhan-cluiche. Thàinig tòrr de na pàrantan aca gam faicinn cuideachd agus bha iad cho taingeil gun robh cothrom mar seo aig a' chloinn."

'S e Aonghas MacLeòid, a tha na Oifigear Dràma do Fèisean nan Gàidheal, a chòrdanaich a' phròiseict. "Tha sinn gu mòr den bheachd gu bheil dràma air leth math airson sgilean farsaing a thoirt don chloinn – labhairt phoblach, fèin-mhisneachd, co-obrachadh agus modh nam measg. Gach bliadhna bheir e togail dhuinn gum bi iad a' dol suas don àrd-sgoil agus iad air sgilean ionnsachadh a bhios feumail dhaibh sna bliadhnaichean rin teachd".

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Fhèisean Dràma bho Aonghas MacLeòid air 01463 225 559 no angus@feisean.org



Eighty-two pupils from across Argyll gathered together on 24th May for Fèis Dhràma Earra-Ghaidheal, an afternoon of Gaelic drama which was held at The Corran Halls in Oban.

Now in its tenth year, the Gaelic drama festival for primary schools in Argyllshire provides youngsters with an opportunity to learn new skills, whilst putting together a brand-new play.

GREIS GNÌOMHCHAIS

Tha Diane Bruce còmhla rinn air greis gnìomhchais airson dusan seachdain, ag obair le Fèisean nan Gàidheal mar Oifigear Margaideachd Thachartasan san oifis ann an Inbhir Nis. Tha i gu bhith a' coimhead air meadhanan sòisealta Fèisean nan Gàidheal, a' cruthachadh thachartasan margaideachd airson Blas 2016 agus Cèilidhean air Chuairt 2016. Tha i na h-oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig a' dèanamh ceum ann an Cultar na Gàidhlig. Tha i gu math dèidheil air ceòl traidiseanta, dh'ionnsaich i mar a chluicheadh i am feadan bho a h-athair agus thòisich i air a' phiob an uair sin. Tha e a' còrdadh rithe glan a bhith a' cluich ann an seisean 'trad' no le còmhlan-pioba.

AGM & CONFERENCE 2016

Thèid Coinneamh Bhliadhna agus Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal 2016 a chumail ann an Taigh-òsta MhicDhòmhnaill san Aghaidh Mhòir. Cruinnichidh muinntir nam Fèisean airson sùil a thoirt air a' bhliadhna a dh'fhalbh agus na tha romhainn. Bidh ceòl agus òrain bho òigridh Fèis Spè agus dinnear le dannsa às a dèidh. Thèid an tachartas air fad a chumail air Dihaoine 23 agus Disathairne 24 An t-Sultain agus thathar an dùil gum bi sluaigh mòr an làthair à fèisean bho air feadh na dùthcha.

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will be held in the MacDonald Resort, Aviemore on Friday 23 September 2016.

It is expected that representatives from all the Fèisean across Scotland will be in attendance. We hope to welcome at least one representative from each Fèis to the event as it is the only time of year when everyone can get together. We hope your Fèis can be represented.

We have had lots of interest already and invitations haven't gone out yet, so to avoid disappointment book your place now by contacting anne@feisean.org

There will be a Reception featuring young people from Fèis Spè and a Cèilidh following the dinner.

The Conference will take place on Saturday 24 September, with a varied mix of presentations and workshops. More information and programme will be available on our website www.feisean.org in due course.



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org